



# Eadar-ghluasad Cothromach airson Roinn Cleachdadh an Fhearainn is Roinn an Àiteachais



Dreach a tha Furasta a Leughadh

## Fiosrachadh Farsaing



Chaidh am pàipear seo ullachadh gus ar cuideachadh le bhith a' dèiligeadh ri atharraichean a tha a' tachairt air sgàth suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde.




'S e a th' anns a' ghnàth-shìde, an t-sìde ris a bheil sinn an dùil gach bliadhna. 'S e a th' ann an suidheachadh-èiginn na gnàth-shìde, suidheachadh sa bheil a' ghnàth-shìde ag atharrachadh ro luath agus sin a' dèanamh cron air an àrainneachd.



Canar tuathanachas ri àiteachas cuideachd.




Feumaidh a h-uile duine cuideachadh gus smachd a chumail air atharrachadh na gnàth-shìde. Feumaidh sinn a bhith deiseil airson na thachras agus tha beachdan ùra a dhìth gus cùisean atharrachadh.



Le Plana airson Eadar-ghluasad Cothromach, tha sinn ag iarraidh gun tig piseach air cùisean san àrainneachd agus do dhaoine. Tha am plana a' beachdachadh air mar as urrainn dhuinn cùisean a dhèanamh nas cothromaiche fhad 's a tha sinn a' lùghdachadh nan gasaichean a tha ag adhbharachadh atharrachadh na gnàth-shìde.



Airson a bhith cothromach, feumaidh daoine pàirt a ghabhail ann a bhith ag ullachadh nam planaichean seo.




Faodaidh na dòighean sa bheil sinn a' dèanamh feum de agus a' gabhail cùram de ar fearann cuideachadh le bhith a' cumail smachd air na gasaichean a tha ag adhbharachadh atharrachadh na gnàth-shìde. Mar eisimpleir, faodaidh gasaichean millteach tighinn bho bheathaichean tuathanachais no faodaidh iad a bhith air an cruthachadh mura gabhar cùram ceart dhen ùir. Feumaidh sinn na gasaichean sin a lùghdachadh gus cuideachadh le cothromachadh carboin ann an Alba.



Cuideachd, faodaidh sinn cuideachadh leis an àrainneachd agus le bhith a' cumail smachd air na gasaichean seo ma chuireas sinn barrachd chraobhan agus ma nì sinn cinnteach gu bheil an talamh-mònach againn fallain. Cuidichidh sin le atharrachadh na gnàth-shìde agus bheir e piseach air an àrainneachd.



Dèanaibh  
Diofar!



Tha sinn airson gun toir roinn an àiteachais agus roinn cleachdadh an fhearainn lùghdachadh air na gasaichean millteach aca agus gun cuidich iad sinn gus amasan eile a choileanadh, leithid:

- Mar a thèid biadh a sholarachadh
- Ag ath-nuadhachadh is a' gleidheadh nàdar
- Mar a thèid cumhachd a chruthachadh
- Bidh fearann agus fiodh againn airson dachaighean is coimhearsnachdan a thogail
- Bidh àiteachan ann far am faod daoine eacarsaich a dhèanamh is tlachd a ghabhail dhen àrainneachd.



## Mar a thèid fearann a chleachdadh agus obair àiteachais san àm ri teachd

Tha sinn airson gum bi Alba na dùthaich far am bi tuigse againn air agus spèis do stòrasan an fhearainn againn. Tha sinn airson gun tèid deagh rian a chumail air àiteachan dùthchail, coilltean agus fearann coillteach.



Tha sinn air cur romhainn còmhraidhean a chumail thar nam mìosan ri thighinn air na tha dhìth ann am plana airson eadar-glhuasad cothromach.

Bonn còmhraidh 1. Dè na prìomh rudan a bu chòir a bhith sa phlana airson eadar-ghluasad cothromach?

## **Builean a thig bho Eadar-ghluasad Cothromach**

Tha 4 seòrsaichean builean againn. Tha iad a' sealltainn na tha sinn ag iarraidh a choileanadh le Plana airson Eadar-ghluasad Cothromach.

### 1. Obraichean, Sgilean is Cothroman Eaconamach



- Obraichean ùra is cothromach ann an roinnean an fhearainn agus an àiteachais.
- Bidh daoine a tha ag obair ann an roinnean an fhearainn agus an àiteachais a' buntainn ri gach pàirt dhen chomann-shòisealta.
- 'S urrainn do dhaoine obair sna coimhearsnachdan ionadail aca.
- Bidh cothrom aig daoine air àiteachan-fuirich aig prìs reusanta, seirbheisean còmhhdhail is peinnseanan.
- Gheibh ar coimhearsnachdan ionadail buannachdan bho thurasachd.
- Bidh an eaconamaidh againn fhathast a' faighinn bhuannachdan farsaing bhon roinn airson solarachadh-bìdh.

## 2. Coimhearsnachdan is Àiteachan




- Gheibh coimhearsnachdan buannachdan bho mar a thèid biadh a sholarachadh, stòrasan nàdarra, agus turasachd.
- Bidh cothrom aig coimhearsnachdan dùthchail air seirbheisean sàr-mhath aig prìs reusanta a tha furasta an ruighinn.
- Bidh coimhearsnachdan a' gabhail pàirt ann an co-dhùnaidhean a thaobh mar a thèid stòrasan ionadail a stiùireadh is mar a nithear làn-fheum dhiubh.
- Gheibh coimhearsnachdan ionadail buannachdan bho na stòrasan nàdarra aca.
- Bidh cothrom aig coimhearsnachdan air biadh sàr-mhath.

## 3. Daoine is Cothromachd



- Bidh nas lugha bochdainn is neo-ionannachd ann an àiteachan dùthchail, a' gabhail a-steach sealbh air fearann.
- Thig piseach air slàinte is math dhaoine.
- Gheibh tuathanaich taic is fiosrachadh gus gasaichean millteach a lùghdachadh is a ghlacadh agus 's urrainn dhaibh pàirt a ghabhail ann an co-dhùnaidhean mu na thachras san àm ri teachd.

## 4. An Àrainneachd



- Gheibh daoine is gnothachasan taic gus sgilean ùra ionnsachadh is a cho-phàirteachadh.
- Thig nas lugha sgudail, ana-caitheamh is truailleadh bho àiteachas.
- Cuidichidh ar pròiseactan stèidhichte air nàdar le atharrachadh na gnàth-shìde, bith-iomadachd agus gheibh ar coimhearsnachdan ionadail buannachdan bhuapa.

Bonn còmhraidh 2. A bheil sibh a' smaoinneachadh gu bheil na builean seo ceart airson roinn cleachdadh an fhearainn agus roinn an àiteachais?

Bonn còmhraidh 3. A bheil dad eile a bu chòir a bhith ann nach do chuir sinn ann?

## Buinn chòmhraidh

Seo beagan phuingean a tha, nar beachd-ne, glè chudromach.

### Puing 1: A' cur ath-leasachadh an fhearainn an sàs



Tha fios againn gum feum sinn coimhead air mar a thathar a' cumail rian is stiùir air fearann agus cò leis a tha am fearann. Tha atharraichean a dhìth.

Thèid Bile Ath-leasachadh an Fhearainn ùr a thoirt a-steach gus atharraichean a dhèanamh a thaobh sealbh air fearann agus gus dèanamh cinnteach gun tèid fearann na h-Alba a chleachdadh ann an dòigh nas co-ionainn.

### Puing 2: Cothroman do Choimhearsnachdan gus Cùisean a Stiùireadh



Feumaidh cumhachdan nas fheàrr a bhith ann a thaobh mar a tha a' Chòir aig Coimhearsnachdan gus Fearann a Cheannach. Bheirear airgead is taic theicnigeach seachad.



### **Puing 3: Taic gus dèiligeadh ri atharrachadh na gnàthshìde**



Feumaidh sinn airgead a chosg air teicneòlas is trèanadh airson tuathanaich. Cuidichidh sin iad le bhith ag ullachadh airson dòighean-obrach ùra.

### **Puing 4: Atharraichean air taic do thuathanaich**



Bu chòir prìomhachas a chur air eadar-glhuasad cothromach nuair a dh'atharraicheas sinn na dòighean sa bheil sinn a' toirt taic do thuathanaich.

### **Puing 5: Ath-nuadhachadh air nàdar**




Bu chòir prìomhachas a chur air a bhith a' cur chraobhan, ag ath-nuadhachadh talamh-mònach agus a' cumail deagh rian air coilltean. Tha feum air barrachd airgid airson rian nas fheàrr a chumail air fearann.



Bu chòir dhuinn dèanamh cinnteach gum faigh sgìrean dùthchail is eileanach buannachdan bhon obair seo.

Bonn còmhradh 4. A bheil puingean sam bith eile ann air am bu chòir dhuinn beachdachadh?

## A' cumail sùil air adhartas



Tha amasan àrda a dhìth ma tha sinn a' dol a dhèanamh atharraichean air mar a chleachdar fearann agus àiteachas. Feumaidh sinn a bhith soilleir a thaobh na tha sinn ag iarraidh a dhèanamh. Feumaidh sinn deagh rian a chumail air a' phlana. Tha e cudromach gun cùm sinn sùil air adhartas, feuch am bi fios againn air mar a tha a' dol dhuinn.

Bonn còmhradh 5. Dè tha sibh a' smaoinichadh a tha cudromach nuair a tha sinn a' cumail sùil air adhartas?

Bonn còmhradh 6. Cò ris a bhios soirbheachas coltach, nur beachd-se?